

Mission:Explore

IAIN MUIR  
gàidhlig



# Mission:Explore

## IAIN MUIR

First published in Great Britain in 2013

Published by Explorer HQ  
28 Kenwood Park Road  
Sheffield  
S7 1NF

[www.missionexplore.net](http://www.missionexplore.net)

Copyright © Explorer HQ 2013  
Illustrations copyright © Tom Morgan-Jones 2013  
Produced in association with John Muir  
Design by Helen Steer

No part of this publication may be reproduced, stored in a retrieval system or transmitted in any form or by any means, electronic, mechanical, photocopying, recording or otherwise, without prior permission of the publisher. Having said that, we've lots of free creative commons stuff online too.

The moral rights of the authors have been asserted in accordance with the Copyright, Designs and Patent Act 1988.

A catalogue record for this book is available from the British Library.

ISBN: 978-0-9576158-3-0

English ISBN: 978-0-9576158-0-9  
English paperback ISBN: 978-0-9576158-1-6  
Welsh ISBN: 978-0-9576158-2-3

### A Rannsaicheir chòir,

Cuidichidh na h-iomairtean seo thu ann a bhith a' leantainn ceumannan athair glèidhreachas na h-àrainneachd - Iain Muir. Tha iad dha neach sam bith a tha deònach coinneachadh ris an t-saoghal leis an aon spiorad dàna 's a bh' aig Muir is meas a chur air na h-annasan a th' innte mar a rinn esan!

Am broinn: 'Mission:Explore Iain Muir' lorgaidh tu 20 iomairt aig a bheil ceangal ri Muir agus cuid de na facail aig Muir fhèin bho chòrr is 100 bliadhna. 'S e an obair a tha romhad na 's urrainn dhut de na h-iomairtean a chrìochnachadh is a chlàradh. Lorgaidh tu tòrr iomairtean eile air làrach-lìn Mission:Explore.

Nuair a bhios tu air an leth-bhreac agad dhen leabhar-e seo a chrìochnachadh bidh tu air sìreadh, coimhead, èisteachd, coiseachd, aisling, thu fhèin a bhogadh agus fiù 's dannsa a dhèanamh air do shlighe tro nàdar air an stairsneach agad fhèin is nas fhaide air falbh.

Mus gabh thu ri gin de na h-iomairtean anns an leabhar seo, feuch air Trèanadh Bunaiteach Neach-rannsachaidh (air taobh-duilleig 24) agus dèan cinnteach gu bheil cead agad mus tòisich thu air na planaichean sònraichte agad.

Tha thìde ann rannsachadh.

The Geography Collective  
le Urras Iain Muir


## # MEJMO01

Gabh 1000 ceum ...

... airson a bhith a' meas is a' rannsachadh na h-àrainneachd nàdarra a tha mun cuairt ort. Bi glè mhothachail agus coimhead air gach taobh dhiot airson aire a thoirt air nàdar.



Choisich Muir uair 1000 míle airson barrachd tuigse is meas fhaighinn air an fharsaingeachd nàdair a bha mun cuairt air.



## # MEJMO02

Feuch a' ghaoth ort

Lorg àite gaothach agus fuirich an sin gus am fairich thu gu math, no gus am bheil na busan agad goirt. Sgrìobh sìos ciamar a tha seo a' toirt ort a bhith a' faireachdaiinn.



"Seididh na gaothan an àrachd fhèin annad, agus na stoirmean an neart, fhad 's a dh'fhalbhas na dreaganh bhuit mar dhuiileagan foghair."

## # MEJMO03

### Tha a h-uile càil ceangailte

Dèan dealbh de rudeigin a tha beò, an uair sin dèan dealbh de na rudan eile a tha beò 's a tha ceangailte ris. Dè dh'itheas e agus dè a tha ga ithe? A bheil sòn beò ann no leis? Dè thachras nuair a chaochlas e?



"Nuair a thogas sinn eon nì a-mach leis fhèin, tuigidh sinn gu bheil e ceangailte ris a h-uile nì eile a th' anns an t-saoghal."

## # MEJMO04

### Fosgail meanbh Phàirc Nàiseanta

Lean ann an ceumannan Iain Muir – a chuidich a' chiad Pàirc Nàiseanta san t-saoghal a chur air bhonn – agus cruthaich tè dhut fhèin.

Thoir cuideigin eile cuairt timcheall oirre agus innis dhaibh na rudan a tha sònraichte mu a deidhinn.



Cleachd sreang airson crìoch na pàirce agaibh a shealltainn.

## # MEJMO05

### Ionnsaich snàmh mar losgann

Coimhead ris an dòigh anns am bi losgann a' snàmh agus nuair a thèid thusa a shnàmh, feuch snàmh coltach ris. Dè na beathaichean eile bhon ionnsaich thu sgilean feumail?



Chaidh mòran de na dh'ionnsaich Iain Muir a thogail leis 's e dìreach a' coimhead air nàdar.



"Tha eon latha 's tu a' toirt am follaic nàdar nas fhèarr na ultaichean leabhrachaean."

## # MEJMO06

### Rannsaich an aimsir

Dèan na soithichean 's an t-uisge ann, cluich snap 's cur-sneachda ann, cuir air dealbh-chluich le faileasan 's a' ghrian ris no smaoinich air dòighean eile airson eòlas fhaighinn air an aimsir a tha inntinneach is annasach.



Shreap Muir craobh ann an stoirm feuch cò ris a bhiodh e coltach. Na dèan sin – dh'fhaodadh gun deidheadh do bhualadh le dealanach no do mharbhadh no nas miosa fiù 's.



"Cha do chòrd riabh na b' fhèarr rium luasgadh uasal na coille agus cha do nochd na coiltean seo riabh rium cho ùrail, cho aoibhneach."

## # MEJMO07

### Co-sheirm nàdair

Sgrìobh pìos ciùil a th' air a chur nad inntinn 's tu ag èisteachd ri na chluinneas tu a-muigh. Cluich a' phìos ciùil a' cleachdadadh rudan nàdarra a lorgas tu a-muigh.



"Cò a dh'fhoillsicheas ceòl na gaoithe no ceòl an uisge 's e sgrioblte sna h-aibhnichean?"

## # MEJMO08

### Giùlain thu fhèin mar rannsaichear Bhictòrianach

Coisich dhan a h-uile àite a' giùlan leat sìon ach plaide aotram, tì, aran agus leabhran is peansail.

Tagh lusan agus beathaichean agus smaoinich air ainmean dhaibh a rèir an coltais agus na nì iad.

Clàraich gu h-ìosal iad.



## # MEJMO09

### Danns gus cumail blàth

Cruthaich, stiùir agus cuir air dannsa gus thu  
fhèin a chumail blàth air oidhche fhuar.

Misnichidh seo thu – rinn Iain Muir fhèin dannsa  
Gàidhealach gus e fhèin a chumail blàth agus na  
dhùisg gus an do bhrist an latha 's e an sàs air  
cliathaich beinne.




## # MEJMO10

### Àite àraid

Lorg àite nàdarra as toil leat. Rach ann gu tric, rè  
beagan uairean, làithean no seachdainean.

Dè an dòigh sa bheil e ag atharrachadh? Dè eile a  
bhios a' tighinn dhan àite àraid agad?



## # MEJM011

Lean abhainn ...

... bho a toiseach gu a crìoch. Clàraich na priomh rudan a dh'ionnsaicheas tu air an loidhne-ama seo.



"S e a bhith a' leantainn eithnichean cuairt cho fàitneach 's a nithear. Leis gur iad cuislean na cruth-tire, tha an cuid as fheàrr de fhiadhaichead mèdair a' tighinn gu am bruthaichean."

## # MEJM012

Siubhail air do chasan loma ...

... air tràigh, ann an achadh, tro pholl agus ann an coille. Dèan coimeas eadar na làraich agad fhèin agus làraich bheathaichean sam bith eile a lorgas tu.



Seachain sion a tha biorach no sion a tha grod grànda air an talamh.



"Tha na Tuisanaich Ameireaganach a' coiseachd gu socair agus cha ghoirtich iad an àrainneachd cail a bharrachd na na h-eòin agus na feòragan..."

## # MEJM013

### Rach a dh'èite iomallach

Lorg àite far nach fhaic thu sealladh idir air obair mhic an duine (no far nach fhaic thu ach glè bheag dhith). Dèan mapa a' sealltainn mar a fhuair thu ann.




## # MEJM014

### Seas air mullach beinne

Sreap beinn no àite àrd eile. Meal an sealladh. Dè cho fada 's a chì thu? Dè dh'aithnicheas tu?



Feuch air làrach-lìn [www.nationalparks.gov.uk](http://www.nationalparks.gov.uk) airson àite àrd faisg ort fhèin a lorg.




"Sreapaibh nam beann agus faighibh am beannachdan."

## # MEJM015

### Dèan leth-bhruadar

Rach a-mach agus dèan dealbh a' sealltainn cò ris a bhiodh an àrainneachd mun cuairt ort coltach o chionn 150 bliadhna (nuair a bha Iain Muir beò) agus cò ris a bhios i coltach ann an 150 bliadhna eile romhainn.



## # MEJM016

### Dèan staran ...

... agus stiùir caraid air 's iad air an sùilean a chòmhdaidh. Iarr orra an staran a ghabhail a-rithist is fradharc aca. A bheil iad a' toirt an aire do dhiofar rudan gach turas?




Dèan cinnteach nach eil sìon biorach air an staran agad no rudan a bheireadh air neach a dhol mun cuairt air a chasan no crodh Gàidhealach molach sam bith.



## # MEJM017

### Seas suas airson nàdar

Lorg lus a th' air a mhilleadh, air a ghoirteachadh no air a bhacadh ann an dòigh air choiregin. Sgrìobh post-dealain às a leth gu cuideigin a dh'fhaodadh a chuideachadh no gu caraid. An urrainn dhut a shàbhaladh? Dèan dreach den phost-dealain agad gu h-iosal.



## # MEJM018

### Dèan geur-amhairc air na speuran

Laigh fo na speuran is coimhead air na rionnagan, chan fhaod thu fasgadh idir! Dè chunnaic thu agus ciamar a dh'fhairich thu?



Feuch [www.darkskydiscovery.org.uk](http://www.darkskydiscovery.org.uk) airson molaidhean air mar a choimheadas tu air na speuran agus ceanglaichean-lìn eile.




"Chan fhàilig bunaitean nàdair a chaoidh... 's iad na speuran am mullach, 's iad na beanntanan na ballachan."

## # MEJM019

### Meanbh-rannsaich


Rannsaich sgàineadh sa chabhsair, sa bhalla no ann an àiteigin beag eile. Lion an duilleag seo le dealbhan biodach den mheanbh-shaoghal seo a chaidh a lorg às-ùr leatsa.



## # MEJM020

### Safaraidh 'Nan Còig Beaga'

Tagh còig creatairean beaga a tha a' fuireach faisg. A' cleachdadh seòltachd, eòlas air an àrainneachd mun cuairt ort agus le bhith a' leantainn làraich, gabh daoine eile air safaraidh airson na 'Còig Beaga' agad fhèin fhaicinn nan suidheachadh nàdarra.



"Is miann leam a bhith beò a-mhàin airson mothachadh dhaoine a thàladh gu àilleachd Nàdair"

## Trèanadh Bunaiteach


Airson do chuideachadh a bhith a' rannsachadh gun tuiteam ann an tobar, thu fhèin a reòthadh no a ghoil gu bàs no thu fhèin a phuinnseanachadh, crìochnaich an trèanadh bunaiteach seo.

## A' cumail sàbhailte

Tha thu a' dol a bhàsachadh. Cha bu chòir gun gabhadh tu iongnadh aig an naidheachd seo, ach b' fhèarr leinn nam bàsaicheadh tu ann an ùine fhada agus gun cus bùrach fhàgail. Tha sinn air trèanadh bunaiteach a dhealbh dhut a chuidicheas tu a' rannsachadh gu soirbheachail. Lean na molaidhean seo agus tha deagh theansa ann gun tig thu air ais beò slàn!

## Cunnartan

Tha cunnartan ciallach romhainn agus tha e àbhaisteach gum feum sinn dèiligeadh riutha nar beatha bho latha gu latha. Faodaidh gum bi buaidh aig an dòigh san dèilig thu ris na cunnartan seo air cho fallainn, inntinneach is fiosrachail 's a tha thu. Bi cruthachail, feuch rudan ùra agus



dh'fhaodadh gum fàilig thu ach na bi gòrach. Cuir na buadhan uile gu feum airson rudan cunnartach fhaicinn is a sheachnad.

## Aireamhan cudthromach

Dèan cinnteach gu bheil fios agad cò dha an cuir thu fios ann an suidheachadh èiginneach.

Neach a chuidicheas 1:

Neach a chuidicheas 2:

Neach a chuidicheas 3:

Seirbheisean èiginneach: 999

## Suidheachaidhean èiginneach

Ma thèid an ceòl air feadh na fìdhle, lean na 3 ceumanan seo:

1. Na clisg!

2. Cuir fios air a' fòn gu neach a chuidicheas tu. Innis dhaibh na tha air tachairt, far a bheil thu agus dèan na chanas iad.

3. Fuirich far a bheil thu, mur a faigh thu òrdugh bho thidsear no inbheach eile aig a bheil fios dè a tha iad a' dèanamh.



## Thusa agus do sgioba


Tha riaghailtean aig na rannsaicheadan as fheàrr nach brist iad uair sam bith. Seo feadhainn a chuidicheas tu a' cumail do cheann air do ghuailnean:

- Na feuch air sìon mur a bheil fios agad gur urrainn dhut a dhèanamh gu sàbhailte.
- Lean stiùireadh air sanasan rabhaidh agus lean riaghailtean sam bith eile as aithne dhut.
- Coimhead às dèidh do charaidean – na aontaich ri sìon gòrach fheuchainn.
- Ma thèid do leòn innis dha cuidegin aig a bheil fios dè bu chòir a dhèanamh
- Na rach gu bràth a dh'aite le coigreach
- Na stob sìon nad bheul mur nach aithnich thu dè th' ann. Chan iarradh tu gun deidheadh do phuinnseanachadh 's gun cuireadh tu a-mach air feadh an àite
- 'S iad càraichean na biastan as mairbhtiche a tha mun cuairt. Seachain a bhith a' dol tarsainn air rathad ach ma dh'fheumas tu cleachd rathad-coise agus dèan cinnteach nach eil sìon a' tighinn.



## Daoine, fiadh-bheathaichean agus àiteachan

- Dìon agus coimhead às dèidh nan daoine, beathaichean, lusan agus àiteachan air an tadhail thu.
- Às dèidh dhut crìoch a chur air Iomairt, na fàg sgeul ort às do dhèidh. Fàg a h-uile sìon, eadar gèataichean is callaidean, tobhtaichean is piorraidean mar a lorg thu iad.
- Cuir do chuid sgudail ann an àite iomchaidh no thoir leat dhachaigh e.
- Na bean ri lusan is beathaichean mur nach eil thu eòlach orra gu pearsanta. Tha teansa ann gun deidheadh do bhìdeadh, gonadh, sgròbadh no puinnseanachadh!
- Can halo ris a h-uile duine a thig do rathad. Còrdaidh sin riutha agus còrdaidh e riutsa nuair a chanas iad halo air ais!
- Bi ònarach is gabh uallach airson rudan a thèid ceàrr. Bidh meas aig daoine ort.



## Mu Iain Muir

Rugadh Iain Muir ann an Alba ann an 1838 agus għluais e a dh'Ameireaga nuair a bha e 11 far an do chaochail e ann an 1914. 'S ann na òige a għab e gaol trom air an t-saogħal nàdarra. Nas fhaide air adhart na bheatha, thuig e mar a bha àiteachan fiadhaich air am bagairt agus chuidich e għus Pàircean Naiseanta a chur air chois.

Chuireadħ Muir a làmh ri iomadh obair. Bha e na rannsaicħear is na neach-dūraigidh, na shreapadair beinnej, na luibh-eċċa, na sgriobhaiche, agus na bhruadaraiche. Għabb Muir tursan dàna - mar eisimpleir choisich e 1000 mile agus cheangail e e fhèin ri mullach craoibhe ann an stoirm. Bha feusag air a bha sgoinnejil cuideachd.

Dh'fhaodar a ràdh gu bheil Iain Muir na phearsa fad-às ann an eachdraidh ach tha na bh' aige ri ionnsachadh dhuinn - gum feum sinn uile eòlas fhaighinn air àiteachean fiadhaich, tlachd a għabha l-asta agus aire a thoirt dhaibh - cho iomchaidh an-diugh 's a bha e a-riamh.

## Mu Urras Iain Muir

'S e Urras Iain Muir priomh bhuidheann ghleidhteachais airson àiteachean fiadhaich anns an Rioghachd Aonaiche. 'S iad na dòchasan a th' aice:

- gun tèid àiteachean fiadhaich am meas leis a h-uile duine anns a' choimhearsnachd
- gun tèid talamh fiadhaich a dhion air feadh na Rioghachd Aonaiche




Tha e a' cur air dòigh Duais Iain Muir an asgaidh airson 's gun dèan daoine às gach àite agus de gach aois ceanglaichean ri nàdar.

Cèilidh air [www.jmt.org](http://www.jmt.org) airson tuilleadh ionnsachadħ.

## Mu Mission:Explore

'S e trèanadh sònraichte a th' ann an Mission:Explore airson ceatharnaich cruinn-eòlais, rannsaicħearan rùnach agus còcairean comasach. Faigh lorg air iomairtean anns na leabħraichean agus air an lārach-lìn.

Tadħail air [MissionExplore.net](http://MissionExplore.net) airson tòrr a bharrachd iomairtean, airson puingean a buuannachadh agus airson braistichean a chosnadħ.



## Tuilleadh mun dealbhadair



Tha an obair aig Tom Morgan Jones a' nochdadħ ann an iomadach seorsa àite leithid leabħraichean chloinne, air cul bhusaichean, air taobh chorċain bainne agus air feadh geamaichean-bùird sgaiteach. Tha Tom a' dèanamh a dhealbhan le peann bogaidh, glè thric ag adhbhrachadh bùrach dubħadanach, agus 's ann air sgħat seo a dh'ainmich e an lārach-lìn aige [www.inkymess.com](http://www.inkymess.com)

Air a chruthachadh le:

# Mission:Explore

Le:



Le taic bho:



**Scottish Natural Heritage**  
**Dualchas Nàdair na h-Alba**

All of nature for all of Scotland  
Nàdar air fad airson Alba air fad

Eadar-theangachadh le  
Raghnaid Sandilands às leth  
Fèisean nan Gàidheal:

